

## **An Litir Bheag** **le Ruairidh MacIlleathain**

An Litir Bheag is a shortened and simplified version of Ruairidh's Litir do Luchd-ionnsachaidh (also available on the BBC website), designed for those who are at an earlier stage of learning Gaelic. The topic each week is the same as Litir do Luchd-ionnsachaidh so that, once the Litir Bheag is mastered, a student of the language might wish to try the full Litir. This is Litir Bheag 134 (which corresponds to Litir 438). Ruairidh can be contacted at [rodny.macleon@bbc.co.uk](mailto:rodny.macleon@bbc.co.uk).

An t-seachdain sa chaidh, thug mi earrann dhuibh de stòiridh. Tha an stòiridh à Miughalaigh. 'S e an t-ainm a tha air an stòiridh *Boban Saor*. Uill, tha an aon stòiridh – an ìre mhath co-dhiù – a' nochdadh ann an Canada. Tha e anns an leabhar *Tales until Dawn – Sgeul gu Latha* leis an sgoilear Ghàidhlig, Iain Seathach. Fhuair Iain tòrr sgeulachdan is naidheachdan bho Eòs MacNìll ann an Ceap Breatainn. Agus tha an stòiridh seo aige mu Bhoan Saor ann an *Sgeul gu Latha*.

Latha a bha seo, thuir Boban Saor ri a mhac gun robh iad a' dol air thuras. Dh'fhaighnich a mhac dheth càite an robh iad a' dol. Thuir Boban Saor gun robh iad a' dol a dh'fhalbh gus an ruigeadh iad an t-àite anns an robh an t-uisge a' ruith an aghaidh a' bhruthaich. Tha sin a' ciallachadh "*until they reached the place where the water was running against the slope ie uphill*". Gus an ruigeadh iad an t-àite anns an robh an t-uisge a' ruith an aghaidh a' bhruthaich.

Bha iad a' marcachd. Bha dìreach aon each aca. Chaidh iad pìos agus thàinig iad gu allt. Bha am fear òg a' coimhead airson àite anns an robh an t-uisge a' ruith an aghaidh a' bhruthaich.

Dh'iarr Boban Saor air a' ghille e thighinn air làr. Leig iad leis an each a dhol sìos a ghabhail deoch anns an allt. Bha an gille na sheasamh, a' coimhead air an each. Thuir e ri athair, "Faodaidh sinn tilleadh."

"Carson a dh'fhaodas sinn tilleadh?" thuir athair.

"O," ars' am fear òg, "ràinig sinn an t-àite anns a bheil an t-uisge a' ruith an aghaidh a' bhruthaich. Seall mar a tha an t-uisge a' dol suas ann an amhaich an eich."

"Tha sin fìor" arsa Boban Saor. Thuig e gun robh an gille gu math seòlta.

Dè an stòiridh as fheàrr leibh, eadar Miughalaigh is Ceap Breatainn? Ann am fear Mhiughalaigh, bha an gille mì-fhortanach. Anns an stòiridh à Ceap Breatainn, tha e glic. Tha Boban Saor a' nochdadh ann an grunn stòiridhean Gàidhlig, ann an Alba agus ann an Canada. Innsidh mi stòiridh eile dhuibh an ath-sheachdain.

\* \* \* \* \*

**Faclan is abairtean:** thug mi earrann dhuibh de stòiridh: *I gave you part of a story*; à Miughalaigh: *from Mingulay*; an aon stòiridh – an ìre mhath co-dhiù: *the same story – pretty much, anyway*; Iain Seathach: *John Shaw*; tòrr sgeulachdan is naidheachdan bho Eòs MacNìll ann an Ceap Breatainn: *many stories and anecdotes from Joe (Neil) MacNeil in Cape Breton*; thuir Boban Saor ri a mhac: *Boban Saor said to his son*; a' dol air thuras: *going on a journey*; gus an ruigeadh iad an t-àite: *until they reached the place*; anns an robh an t-uisge a' ruith an aghaidh a' bhruthaich: *in which the water was running uphill*; a' marcachd: *riding a horse*; chaidh iad pìos: *they went a distance*; thàinig iad gu allt: *they came to a burn*; dh'iarr Boban Saor air a' ghille e thighinn air làr: *Boban Saor asked the lad to dismount*; leig iad leis an each a dhol sìos a ghabhail deoch: *they let the horse go down to get a drink*; na sheasamh, a' coimhead air an each: *standing, watching the horse*; faodaidh sinn tilleadh: *we can return*; carson a dh'fhaodas sinn tilleadh?: *why can we return?*; mar a tha an t-uisge a' dol suas ann an amhaich an eich: *how the water is going up in the horse's neck*; fìor: *true*; thuig e gun robh an gille gu math seòlta: *he realised the lad was very clever*; dè an stòiridh as fheàrr leibh?: *what story do you prefer?*; mì-fhortanach: *unfortunate*; glic: *wise*.

ends